




21



H/

u 424



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

AN

CEUD LEABHAR


AIR SON

NAN SGOILEAN GAELACH

A TA

*Air an cumail suas le Comunn Ard-Sheanaidh
Eaglais na h-Alba.*

AN DARA CLODH-BUALADH.



DUNEIDIN :

CLODH-BLUAILTE LE THORNTON AGUS COLLIE.

1847.

AN AIBIDIL.

A B C D E F G H I

L M N O P R S T U

a b c d e f g h i

l m n o p r s t u

A B C D E F G H I

L M N O P R S T U

a b c d e f g h i

l m n o p r s t u

M G H I N O P L C

m g h i n o p l c

D B A F E R U T S

d b a f e r u t s

Na Foghaire.

a e i o u

Na Comh-fhoghairean.

b c d f g h l m n p r s t

*Na Foghairean Dùbailte.*ae, ai, ao, au, ea, ei, eo, eu,
ia, io, iu, oi, ua, ui.*Na Foghaire Tri-fillte.*

aoi, eoi, iai, ioi, iui, uai.

Ba	be	bi	bo	bu	Ab	eb	ib	ob	ub
Ca	ce	ci	co	cu	Ac	ec	ic	oc	uc
Da	de	di	do	du	Ad	ed	id	od	ud
Fa	fe	fi	fo	fu	Af	ef	if	of	uf
Ga	ge	gi	go	gu	Ag	eg	ig	og	ug
La	le	li	lo	lu	Al	el	il	ol	ul
Ma	me	mi	mo	mu	Am	em	im	om	um
Na	ne	ni	no	nu	An	en	in	on	un
Pa	pe	pi	po	pu	Ap	ep	ip	op	up
Sa	se	si	so	su	As	es	is	os	us
Ta	te	ti	to	tu	At	et	it	ot	ut

1.—Co e. Bac mi. Fàg mi. Fear lag. Lean e. Tog ort. Bi maith. Glac e. Dà là. Eun òg. Sè eoin. Ni mi sin. Ro mhòr. Bean ghlic. Each geal.

2.—Is mi. Là ùr. Màl mòr. Cha dean. An sud. Aon fhear. Cùig ceud. Dol as. Mo chos. An dè. Cuir uait e. Ro olc. Cha tig iad. An toil leat.

3.—Bha mi. Bha iad. Each lom. Làn mòr. Tog mi. Tum sin. Mìr clò. Mo rùn. Ord mòr. Gu ruig so. Fan riu. Eun beò. Tha e glan.

4.—Cas lom. Las i. La blàth. Mac beag. Fan ris. Dìt e. Tòrr mòr. Lean mi féin. Cuir as e. Cuir lùb air. Ros lìn. Ni e olc. Rach suas. Gu grad. Dean thu féin deas. 'Tha a' chlach trom.

5.—C'ar son a rinn thu so. Is tu féin e. Ni mi gu maith. Slat mhòr. Mol Dia. Aig a' chù. Aig an luch. Cùl an tighe. Mo làmh. Dean so. Tog ort. Ghuil thu. Na dean strì. Tha e slàn.

6.—Lus beag. Cha lom mi e. Cha ruig mi air. Cum uam e. Bris an ni so. Tha sal air. Glan do làmh. Bha

e 'n so. Damh mòr. Làmh chhì. Sè
deug. Tha mi sgìth.

7.—Là fuar. Na dean breug. Clann
òg. Beinn mhòr. Sean aois. Tha mo
cheann goirt. Droch each. Aon mhìl.
Ochd eich. Duine luath. Dìnn do
bheul. Iarr deoch. Ruig air so.

8.—Glac an t-iasg. Gairm air. Biadh
maith. Ghearr an cù mi. Buail an
clag. Tog suas do làmh. Glac e
Fhuair i bàs. Tha thu ceart. Mo
chos dheas. Mo làmh dheas. Ni thu
gu maith. Fàg mi leam féin, Na
guil. Bi glic agus tréig an t-olc.

9.—Cuir dhiot. Seas fad uam. Na
iarr orm. Faic an treud. Bi ciùin.
Tha a' chearc marbh. Leum e orm.
Chi mi e a rìs. Bha mi mach. Lean
e gu grad. Bord mòr. Lot siad iad.
Fear beag. Bha iad lag. Thog iad tigh

10.—Gabh tàmh. Rinn e cron. Lòn
bog. Seall air sin. Saor do mhac. Na
bi dàna. Cha'n 'eil mi dàna. Tha thu
croisd. Na dean breug. Bha e 'n so.
Tilg uait a' chlach. Cuir air falbh e.
Lean mi gu luath. Droch bheisd.

11.—Biasd eich. Gob crom. Cùil
dhorch. Folt mo chinn. Tuadh gheur

Sgian mhòr. Slat chuile. Oigh bhàn.
 Crios grinn. Druim a' choin. Ceann
 an eich. Gaoth chiùin. Teann a nuas.
 Thoir duais dha. Thuit e air làr.

12.—Fuil dhearg. Gille ruithe. Maor
 fuinn. Ceann maol. Cas chaol. Sùil
 chlaon. Cuir do làmh air. Leac lom.
 Caor mhaol. Uisge blàth. Bàrd binn.
 Fras bheag. Brat lìn. Fear glas. Bar
 an fheoir. Crann crom. A' cheud mhìos.

13.—Carn chlach. Slat ghrinn. Clàr
 buird. Cath goirt. Duine glic. Bhris
 thu e. Ublh eoin. Tigh caol. Thug
 e leis iad. Earb thu féin ris. Breab e.
 Srian an eich. Céir dhubh. Eas garbh.
 Lèus teine. Teich á so. Loisg mi
 mo làmh. Rìgh mòr. Fion geal.

14.—Buar a' chruidh. Fhuair e glòir.
 Là fuar. Lios càil. Ceud fear. Cùig
 daimh. Fòid ghorm. Cnoc cruinn.
 Tuill nan luch. Ceòl binn. Muc bheag.
 Dian do cheann. Na goid. Na leig
 air falbh e. Cum suas e. Faic an
 slochd so. Dhruid iad a mach e.

15.—Laoch treun. Bean chrosd.
 Greas e. Meas nan craobh. Bha fearg
 air. Is fearr e na so. Gean maith. Fear
 breac. Dean greim air. Seall orm. Teas

an là. Gabh ris. Bha fearg mhòr air.
Rach a steach. Clach am fear ud.
Thoir domh mo chuid. Tha gruaim ort.

16.—Suidh laimh rium. Faigh mach
e. Tha e mar so. Tha an t-iasg bog.
Mo chluas chli. Tog leat e. Do chorp.
Lean an cù. Gheibh iad bàs 'nan òige.
Tha Dia maith. Am bheil i sean?
Tha mo shùil gorm. Ith do chuid.
Cha'n 'eil òr aig. An do loisg thu e?
Tha a' ghrian teth, agus an là ciùin.

bh, ch, dh, fh, gh, mh, ph, sh,
th, chd, lbh.

1.—Balg mòr. Calg eorna. Feun
nomha. Tha e fann. Gabh ris an ni a
rinn thu. Cuir do làmh air. Rach a
mach. Nigh thu féin. Cìs mhòr.
Chaidh e san uisge. Pill gu luath.

2.—Dean maith. Leum suas. Cuir
siol. Thoir leat an duine so. Aran
geal. Damh dearg. Damh liath
Brog bheag. Saor sinn. Tha fonn
ort. Greas an sluagh. Thoir a' chuid
do'n laogh. Falbh o'n tigh gu grad.

3.—Fan ris. Tilg nait e. Cuir ann do

mhàilead e. Damh donn. Sùil chlaon.
 Cearc riach. Dean tigh dhoibh. Tog
 do ghuth. Cha bli iad 'nan tàmh.
 Each bàn. Mult mòr. Thig agus
 suidhe laimh rium. Tha a' ghaoth á
 tuath. Rinn iad cron mòr orm.

4.—Chog e ris. Thug e breth air.
 Rinn e na dh'iarr thu air. Loch
 nan iasg. Tom nan con. Stòl do chos.
 Sguir dheth so. Am bheil thu tinn?
 Cha'n 'eil mi. Is maith sin. Cuir gu
 bàs e. Tha an cù mall. Mhill thu e.

5.—Ceum àrd. Cùig deug. Feum
 mòr. Geug ùr. Ceird mhaith. Leac
 throm. Leum fad. Cord grod. Guth
 binn. Earb bheag. Torc truagh. Tha
 mi sgèth. Ruig air so. Sìn do làmh
 chli. Fàg mi leam féin. Na cuir fearg
 orm. Tha thu ro-cheart.

6.—Buail mi. Thuit e uam. Tha
 eòlas maith. Am bheil e marbh? Tha
 àm air son gach ni. Bha e leinn. Sgap
 e an t-àl. Cuir o'n tigh e. Sè eich
 dheug. Aon damh deug. Tri choin
 luatha. Cuig meoir bheag. Gabh uaith
 an t-òr. Bi ciùin ris. Sgaoil mu'n
 cuairt e. Ni na h-eoin cron.

7.—Ruith e mach. Chaidh e stigh.

Thog e air. Thoir dhomh e. Tha òr buidhe. Chaidh an damh chum an uisge. Ghlac mi eun òg. Ruith mi 'na dhéigh. Rinn e sealg. Dh' fhalbh a chuid. Ghuil e gu goirt. Dean an sgian geur. Am bheil an coire maith?

8.—Tha am meas pailt. Ni na h-eoin nid. Lean an t-each an duine. Ruith leis a' chloich so. Ghoid e an t-slat. Bruach mhòr. Rùisg an tigh. Tha dùil ris. Rinn e cuirm. Théid mi chum na féisd. Thoir an aire dhuit féin. Am fac thu do mhàthair?

9.—Teich air falbh. Ruith gu luath. Thoir leat an t-aran. Cuir t'eudach ort. Nigh do làmhan. Rach do'n sgoil. Glan an t-uan. Tha do leaba cruaidh. Thuit an tuagh nam. Dean maith do gach neach. Na biodh gruaim ort. Chas e 'fhiacail. Ciod a ta e ag ràdh?

10.—Ma's e do thoil e. Tha e 'na dheadh shlàinte. Thàinig e an so an dè. Cha d' fhalbh e an diugh. Thoir deoch dhomh. Spion as so mi. Am bheil sgeul ùr agad? Cha'n 'eil sgeul air bith agam. Bha an là dorch. Dh' fhàg an solus sinn. Tha an teas mòr. Is maith a rinn thu.

11.—Duine glic. Tha na neoil luath. Ghearr e gruag a chinn. Na cuir as an teine. Tigli nan cearc. Tha deich meoir agam. Bruich an t-aran. Gearr an fheoil. Feuch dhomh e. Bhiadh mi an laogh. Tha guth àrd agad. Thig am bàs chum nan uile. Tha mi sgìth. Mo chlann bheag!

12.—Gearr an lus. Sniomh gu luath. Biodh curam ort. Leig dhiot bhi ri cluich. Séid sole do bheul. Dh'iarr e ort bhi maith. Thug mi an sgian da. Ghabh e uam i. Leag mi am balla. Am fac thu an solus? Faigh an ni a chail thu. An gabh thu deoch? Suidhe sios an sin. Tha an duine saor.

13.—Rach mach gu ceann an tìghe. Seall am faic thu neach air bith. Tha cùig meoir air gach làimh. Am bheil a' bheinn ro-àrd? Ruith am fiadh gu luath. Chail sinn a lorg. Dà rann dheug. Theich e le h-eagal. A réir a rùin. Bhris e an cupan. Dhoirt e an t-uisge. Na diult t' athair, agus bi a ghnàth umhal do d' mhàthair.

14.—Bi réidh ris gach neach, agus bheir iad gràdh dhuit. Thoir cliu do Dhia; dean urnuigh ris, agus iarr air

do chumail o olc. Is e Dia a rinn mi :
Is e a làmh a chum suas mi, agus is e
a spiorad a thug tuigse dhomh ; uime
sin bheir mi cliu d'a ainm.

15.—Roimh sgrios théid uabhar. An
ti a ta fiar 'na chridhe cha'n fhaic e
maith. Ge b'e ni olc air son maith cha
dealaich olc r'a thigh. Thig an lundair
gu bhì 'na dhuine bochd. Théid beul
nan daoine glìce gu ceart air eòlas.
Tha an duine olc a dhìth eòlais, agus
fear nam breug a dhìth tuigse.

ff, fl, sl, fi, sh, st.

1.—Dh' fhàs e balbh. Chlach iad e.
Chuir e dragh orra. Teich air falbh
uam. Tha an slìghe garbh. Marbh
a' chaor. Srian laidir. Mart bochd.
Rìgh maith. Laogh truagh. Gabh
pramh fhois. Ghìac sannt e.

2.—Tachd an luch. Thug e breth
orm. Sreth bheag. Chlìsg mi. Chaidh
e an sàs sa' chré. Mhìll thu an obair.
Chaidh e fo mo chridhe. Phill mi
do m' thigh. Dh' fhàs mi sgìth air an
t-slighe. Thilg mi clach air. Bha an
duine bochd. Thréig a charaid e.



3.—Duine balbh. Gaoth reòtaidh. Bean bhochd. Rug e air làimh orm. Mhùch iad an teine. Chaill iad an còir. Dh' ar e leis na daimh. Thug e na h-eich a steach. Chaidh e chum an adhlaic. Bha gràdh aice d'a bràthair.

4.—Sgrud e a chridhe. Thùch am fuachd mi. Thulg e an soitheach. Chaidh e air astar. Chaill mi mo sporan. Gabh truas diom. Seòl mi air an t-slighe. Ruaig e mi. Rinn e caoidh. Bheir mi duais dhuit. Sgaoil do bhrat. Na gearr do làmh. Tha an là ciùin. Dean an ni tha maith.

5.—Tha an damh olc. Chaidh a' chaor a lomadh. Bha an rìgh ceart. Stad e sinn air an t-slighe. Imich chum an tighe. Feuch dhomh do chòir. Na dean tàir air. Tha dòchas agam nach dean e olc. Is e Dia thug dhomh na h-uile nithe. Tha esan maith agus glic.

6.—Bha a' chraobh fo bhlàth. Rinn a' chlaun gu maith. Fhuair iad cliu. Cha robh goimh ann. Bha e ro gheur. Ghluais e roimhe. Ciod an sgeul a chual thu? An deach an treud seachad? An do ghlac thu iasg? Suidh

sios air a' chnoc so. Thoir glòir do Dhia, oir tha 'ainm ro naomh.

7.—Rach gu toileach do'n sgoil Cum thu féin glan. Na biodh toil agad do dhroch chleachda. Shearg a' chraobh. Thuit an duilleach. Bhris iad an geata. Chaidh na h-uain ris a' mhonadh. Chaill am buachail sealladh dhiubh. Gheibh gach neach bàs, agus taisgear iad san uaigh.

8.—Am bheil thu sean? Cha'n 'eil mi ro shean. Am bheil an duine dall? Tha e faicinn beagan le aon sùil. Ciod a rinn thu? Ghearr mi mo làmh. Tha an lagh fiar. Cha chum ni air bith air falbh am bàs. Thilg se e bun os ceann. Ni tuigse duine mall chum feirge.

9.—Bheir leisg air duine tuiteam ann an trom chodal, ach gheibh cridhe nan daoine glic eòlas. Is fearr gliocas na òr; agus is cuirm a ghnàth an cridhe ait. An ti a ta mall chum feirge, tha e pailt ann an tuigse. Is e crìoch slighe an aingidh am bàs. Is craobh beatha an teanga fhallain. Is beag air an fhìrean slighe chlaon.

10.—Cha'n fheud sinn olc a chur an

gniomh. Cuir uait am beul fiar, agus bilean breugach cuir fad uait. Is duine nach fiu fear aingidh. Ni làmh na leisge bochd. Tha miann nam firean maith. Is aithne do chridhe an duine a bhròn féin. 'Se eòlas crùn nan daoine glic. An neach a ta fiar agus fealltach 'na chridhe cha'n fhaic e maith.

11.—Bhruich thu an fheoil tuille 's fada. Tha fion 'na dheoch laidir. Na rach an urras air neach air bith. Le toradh béil duine lionar a bhrù Air son an fhuachd cha treabh an duine leasg. Na imich maille ri droch chloinn. Tha a' chùr mheala milis do'n bhlas. Cha bhi crìoch mhaith aig an droch dhuine. Moladh neach eile thu, agus na b'e do bheul féin.

12.—Théid droch chlann gu dàna chum an uile, ach ni a' chlann ghlic gach ni a ta ceart. Tha an ceann liath 'na choron glòire do'n duine ghlic, agus is tobair beatha an tuigse do'n ti aig am bheil i. Cha mhair beartas gu bràth, agus cha mhair an crùn o linn gu linn. Cha'n abair an uaigh agus an teine a chaoidh gur leor e. An neach a bheir do'n bhochd cha tig dìth

air. Cha'n 'eil ni nuadh fo'n ghréin
Am gu gul, agus àm gu gaire.

1.—Abair ris bhi maith. Tha acain mhòr aig. Chi thu an t-adhar dearg. Agair e air son a chionta. Bha dà altair anns an tigh. Cha d' amais mi air a' chloich, Dh'fhàg iad mi a'm' aonar. Dh'fheuch e gu'n robh e 'na dhuine fial. Faigh gliocas, agus gheibh thu urram, agus mòr mheas.

2.—Na creach nead an eoin. Na biodh do chodal trom. Dean gach maith a ta a'd' chomas. Biodh cùram ort do'n sgoil. Chuir thu fadal mòr orm. Na leig do thaice ri do ghliocas féin. Thoir urram do shean aois. Na dean strì ri duine gun aobhar. Tha sgàth orm roimhe. Cha'n 'eil neart 'na làimh. Gluais gu ceart.

3.—Galar goirt. Tinneas cruaidh. Spairn mhòr. Bha gorta san tìr. Fhuair e cliu do bhrìgh gu'n robh e 'na sgoileir maith. Tha bean mhaith 'na crùn d'a fear-pòsda. Thàinig clo codail air. Tha solus nan sùl prìseil. Theich sgàile na h-oidhche 'nuair dh'éirich a' ghrian.

Chual sinn osna aig. Rinn e miodal ris an duine so. Chuir iad campar air.

4.—Cha'n innis duine maith breug; tha gràin aige do'n olc, agus do gach neach a ni e. Cha chreid neach air bith a' chlann nach innis an fhìrinn. Bithidh fuath aig Dia dhoibh, agus ni e peanas orra. Na dean breug gu bràth, agus na claon o'n t-slighe cheart. Na dean gearan gun aobhar, agus na falbh maille ri luchd tarcuis.

5.—Cha'n aithne dhomh ainm na cailin sin, ach tha sluagh ag ràdh gu bheil i ro leasg. Cha sniomh i aig an tigh; cha leugh i san sgoil, agus cha'n 'eil tlachd aice do ni air bith ach do chluich. Tha e 'na nàire dhi bhi diomhain. Cha bhi Dia 'na charaid di agus cha'n urrainn dùil a bhi aice ri ni maith air bith uath.

6.—Islich thu féin an làthair Dhé, agus bheir e gu urram thu. Dean urnuigh ris, agus bheir e dhiut gach ni tha dhùth ort. Cuir do dhòchas ann, agus cha tréig e thu; agus fàg thu féin an taice ris, agus cha diobair e thu: Bheir e dhuit miann do chridhe, agus aon ni maith cha chum e uait.

7.—Tha mi nis san sgoil, agus uime sin feumaidh mi aire a thoirt do na nithe abhuineas do'n sgoil,—mo leabhar a leughadh, agus bhì umhal do thoil an fhir theagaisg. Is còir dhomh bhì taingeil gu bheil comas agam dol do'n sgoil, chum gu'm faigh mi fòghlum, agus eòlas. Tha neach gun eòlas air bhicag meas. Sgriosar miann nan aingidh, agus bheir cridhe cealgach duine gu bochdainn.

8.—Cha chòir do chloinn òga bhì ri connspoid. 'Se an diabhal athair nam breug, agus ùghdar gach droch ghuiomh. Is còir do gach neach teachd beò an sìth r'a chéile, agus an sin bithidh iad cosmhuil ri Dia, a tha 'na Dhia gràidh agus sìthe, agus a ta maith dhoibh-san tha gluasad gu ceart. Tha fearg agus tnù 'nan cùis eagail. Stiùir Dia a shluagh Israel le neul san latha, agus air feadh na h-oidhche le solus teine. Sgoilt e a' chreag san fhàsach, agus thug e deoch dhoibh.

9.—Cha'n 'eil e maith gu'm bi an cridhe gun eòlas. Cha chuir clann ghlic fearg air neach air bith; cha mhill iad nì sam bith, agus cha bhì iad

leasg gu dol do'n sgoil. Ni droch chlann a réir an toil féin, agus uime sin cha bhi meas aig sluagh dhiubh. Cha chluich iadsan air ain bheil eagal Dé air là na Sàbaid, ach bheir iad an aire gu'n gléidh iad an là sin naomh. A mhic coimhid àithne t'athar, agus na tréig reachd do mhàthar. Gabh grainn do uabhar agus do ardan, do dhroch shlighe agus do bheul fiar.

10.—Cha téid duine air bith as o shaighead gheur a' bhàis, agus cha phill e air ais o thalla dorch na h-uaighe. Tha a bheatha air thalamh gearr, agus neo-chinnteach. Mar bhlàth thig e mach agus gearrar sios e: Mar sgàile teichidh e agus cha'n fhan e: Amhuil a ghabhas neul luath nan speur seach, mar sin esan a théid sios do'n uaigh cha tig e nios, agus cha phill e ni's mò chum a thighe. Uime sin is coir do gach neach bhi deanamh deas fa chomhair a' bhàis, air eagal gu'n glac e iad 'nuair nach 'eil dùil aca ris.

Apr
7

